

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh le Comhairle na Gàidhealtachd gus crìoch a chur air solar foghlaim aig Bun-sgoil an t-Sruthain, agus a' cur na sgìre-sgoile aice ri sgìre-sgoile Bun-sgoil Dhùn Bheagain.

An Cèitean 2023

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo le Foghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh (Luchd-sgrùdaidh an Rìgh) a rèir cumhaichean [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairle\) \(Alba\) 2010](#) ("Achd 2010"). 'S e adhbhar na h-aithisg seo beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a lìbhrigeadh air moladh Comhairle na Gàidhealtachd gus solar foghlaim a thoirt gu ceann aig Bun-sgoil an t-Sruthain. Tha mion-fhiosrachadh goirid ann an Roinn 2 na h-aithisge air a' phròiseas chonaltraidh. Tha Roinn 3 na h-aithisge ag innse beachdachadh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air taobhan foghlaim a' mholaidh, a' gabhail a-steach beachdan cudromach aig luchd-co-chomhairleachaidh. Tha Roinn 4 a' toirt geàrr-chunntas air àrd-shealladh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air a' mholadh. Nuair a gheibhear an aithisg seo, tha an Achd ag òrdachadh gum beachdaich a' chomhairle oirre agus an uair sin gun ullaich iad aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach. Bu chòir gum bi an aithisg seo an lùib aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach na comhairle, còmhla ri mìneachadh air ciamar, ann an crìoch a chur air a' mholadh, a rinneadh ath-sgrùdadh air a' chiad mholadh, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas air puingean a chaidh a thogail anns a' phròiseas chonaltraidh agus freagairt na comhairle riutha. Feumaidh a' chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aca fhoillseachadh trì seachdainean mus gabh iad an co-dhùnadh mu dheireadh. Far a bheil comhairle a' moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh i na dleastanasan reachdail air fad a tha ann an Achd 2010 a leantainn, a' gabhail a-steach fios gu Ministearan taobh a-staigh sia làithean obrach an dèidh dhi a thighinn chun a' cho-dhùnaidh dheireannaich agus mìneachadh do luchd-co-chomhairleachaidh gu bheil cothrom aca air riochdachaidhean a dhèanamh chun nam Ministearan agus na h-ullachaidhean spèisealta a tha co-cheangailte ri molaidhean a thaobh sgoil dhùthchail a dhùnadh.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air:

- na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann agus òganaich a tha a' fuireach ann an sgìre-sgoile Bun-sgoil an t-Sruthain; agus luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a bhios nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus clann agus òganaich eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean coltach sam bith eile aig a' mholadh;
- ciamar a tha a' chomhairle an dùil buaidhean dona sam bith a dh'fhaodadh tighinn am bàrr bhon mholadh a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle an dùil a thig bho thoirt gu buil a' mholaidh, agus adhbharan na comhairle airson nam beachdan seo a ruigsinn.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh na gnìomhan seo os làimh:

- làthaireachd aig a' choinneimh phoblaich bhiortail a chaidh a chumail air 20 Màrt 2023 mu dheidhinn molaidhean na comhairle;
- beachdachadh air a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis a' chomhairle a thaobh a' mholaidh, gu sònraichte aithris nan sochairean foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh ceangailte, freagairtean sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan is eile; agus
- beachdachadh air tuilleadh bheachdan air an cur gu dìreach gu Foghlam Alba air taobhan foghlaim buntainneach den mholadh. Agus tursan bhiortail gu làrach Bun-sgoil an t-Sruthain agus Bun-sgoil Dhùn Bheagain agus an Sgoil-àraich, a' gabhail a-steach conaltradh ri luchd-co-chomhairleachaidh iomchaidh. Chaidh cuireadh a thoirt do luchd-ùidhe bho sgoiltean a tha faisg air làimh agus dhan choimhearsnachd a bhith an làthair aig na conaltraidhean.

1.4 Leis gum bi am moladh a' leantainn air adhart gu dùnadh sgoil dhùthchail, ghabh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh cunntas air beachdachadh na comhairle mu roghainnean reusanta sam bith eile seach a bhith a' dùnadh Bun-sgoil an t-Sruthain, a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aige air a' choimhearsnachd ionadail agus a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig an dùnadh a bha air a mholadh air ullachaidhean siubhail eadar-dhealaichte sam bith.

2. Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd co-chomhairleachadh air na molaidhean aca os làimh a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Chaidh Bun-sgoil an t-Sruthain a dhùnadh car-ùine sa Ghiblean 2022 an uair a thàinig àireamh nan sgoilear air fad sìos gu dà sgoilear. Rinn Comhairle na Gàidhealtachd co-chomhairleachadh ri pàrantan ann a bhith a' tighinn chun a' cho-dhùnaidh seo. Aig an àm a tha làthair chan eil clann sam bith aig aois bun-sgoile ann an sgìre-sgoile Bhun-sgoil an t-Sruthain a tha a' cur feum air seirbheisean foghlaim na sgoile. Tha glè bheag de chloinn a' frithealadh sgoiltean eile. Tha seo mar iarrtas airson àite suidheachaidh agus/no airson cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Cha robh Bun-sgoil an t-Sruthain a' tabhann Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha a' chlann a tha a' fuireach san t-Sruthan agus san sgìre mun cuairt anns an sgìre-sgoile Foghlam Meadhan Gàidhlig airson Bun-sgoil Dhùn Bheagain.

2.3 Choilean a' chomhairle a dleastanas a bhith a' lèirmheasadh gu riaghailteach nan ullachaidhean airson a bhith a' dùnadh Bun-sgoil an t-Sruthain car-ùine. Bheachdaidh a' chomhairle air tairgreachdan an ama ri teachd a thaobh àireamh sgoilearan Bun-sgoil an t-Sruthain. Chomharraich iad sin ann an 2023 gu 2037 nach biodh ach aon sgoilear no nach biodh gin de sgoilearan ann an sgìre-sgoile na sgoile. Cha robh clann sam bith a' frithealadh na sgoil-àraich aig Bun-sgoil an t-Sruthain mus deach a dùnadh car-ùine. Chan eilear mothachail air atharrachadh sam bith san t-suidheachadh ionadail a mholadh gun tigeadh atharrachadh mòr sam bith air àireamh nan sgoilearan. Choinnich a' chomhairle ri Comhairle Coimhearsnachd an t-Sruthain san t-Samhain 2022. Dh'aontaich Comhairle Coimhearsnachd an t-Sruthain gum bu chòir dhan chomhairle leantainn air adhart gu co-chomhairleachadh reachdail a thaobh a bhith a' toirt gu ceann foghlam aig a' bhun-sgoil ionadail.

2.4 Bha a' cho-chomhairleachadh reachdail a thaobh a bhith a' dùnadh Bun-sgoil an t-Sruthain a' ruith bho 23 Gearran gu 21 Giblean 2023. Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd os làimh làn raon de ghnìomhan co-chomhairleachaidh rè an ama seo. Chaidh coinneamh phoblach a chumail air 20 Màrt 2023. Bha 16 ball den phoball an làthair aig a' choinneimh. Bha an luchd-frithealaidh a' meas gun robh an dùnadh do-sheachanta mar thoradh air an àireamh bhig de chloinn aois bun-sgoile a bha a' fuireach ann an sgìre-sgoile Bun-sgoil an t-Sruthain. Chaidh ceist a thogail mun ath-thaobhadh a bhathar a' moladh mu na sgìrean-sgoile a bha mun cuairt, nan deigheadh Bun-sgoil an t-Sruthain a dhùnadh. Dh'iarr iad gum biodh an roghainn aig a' chloinn a dhol dhan sgoil far am faigheadh iad làn bhogadh tro mheadhan na Gàidhlig ann am Port Rìgh, Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh. Chaidh am beachd seo fhaighinn cuideachd ann am freagairt ann an sgrìobhadh don cho-chomhairleachadh reachdail. Aig an àm a tha an làthair, faodaidh clann Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh a fhrithealadh dìreach mar iarrtas suidheachaidh. Bha a' chomhairle deònach beachdachadh air an iarrtas a thaobh cothrom fhaighinn air làn-bhogadh ann an sgoil tro mheadhan na Gàidhlig. Thug iad freagairt cuideachd air cho cudromach 's a bha e a bhith a' cumail suas sgoiltean air leth dùthchasach eile san sgìre seo den Eilean Sgitheanach far am biodh an sgìrean-sgoile air an leudachadh, nan dùineadh a' chomhairle Bun-sgoil an t-Sruthain.

2.5 Chaidh ceithir freagairtean ann an sgrìobhadh fhaighinn mun cho-chomhairleachadh reachdail, agus tha aon dhiubh air ainmeachadh gu h-àrd. Bha dà fhreagairt ag aontachadh ri

solar foghlaim a thoirt gu ceann ach bha iad a' moladh beagan ath-thaobhadh ris na sgìrean-sgoile a bhathar a' moladh a chùim buannachd a thoirt do Bhun-sgoil Charboist. Is e sgoil a tha seo a tha faisg air làimh agus a tha air a meas mar a bhith air leth dùthchail. Rinn na pàrantan agus Comhairle nam Pàrant an t-iarrrtas seo gus an rola sgoile aca a dhìon. Chuimsich iad cuideachd air cùisean co-ionannachd nam biodh barrachd stòrasan aig Bun-sgoil Dhùn Bheagain leis gum biodh rola sgoile na bu mhotha aice seach na bha aig Bun-sgoil Chàrraboist. Bha geàrr-iomradh air a thoirt ann am freagairt sgrìobhte air beachdan na cloinne air a' mholadh gun leantainn air adhart le foghlam aig Bun-sgoil an t-Sruthain. Cha mhòr nach robh a' chlann air fad ag aontachadh ris a' mholadh gus solar foghlaim a thoirt gu ceann aig Bun-sgoil an t-Sruthain agus an sgìre-sgoile a chur ri sgìre-sgoile Bun-sgoil Dhùn Bheagain.

2.6 Bha e soilleir aig a' choinneimh phoblaich gun robh ùidh mhòr aig a' choimhearsnachd togalach na sgoile fhaotainn, nan leanadh a' chomhairle air adhart leis a' mholadh. Dhearbh Comhairle Coimhearsnachd an t-Sruthain gu bheil iad soilleir mun reusanachadh agus am feallsanachd air cùl a' mholaidh. Tha iad a' toirt taic dhan mholadh, mar a tha Buidheann Leasachaidh Coimhearsnachd an t-Sruthain.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha a' chomhairle a' dèiligeadh ris a' chrìonadh a tha air a thighinn air an iarrrtas aison foghlam ann an sgìre-sgoile Bun-sgoil an t-Sruthain. Tha a' chomhairle air co-chomhairle a chur ris an sgoil agus ris a' choimhearsnachd nas fharsainghe gus a thighinn gu co-aonta nach biodh e ion-obrachail Bun-sgoil an t-Sruthain a chumail fosgailte no a cumail dùinte car-ùine. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil sochairean foghlaim ann a bhith a' gluasad air adhart leis a' mholadh gus solar foghlaim a thoirt gu ceann aig Bun-sgoil an t-Sruthain agus a bhith ag ath-thaobhadh na sgìre-sgoile. Chan eil Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh ris na h-aithrisean air fad mu na sochairean foghlaim a dh'ullaich a' chomhairle. Bu chòir dhan chomhairle leantainn air adhart a' cleachdadh rannsachadh foghlaim ann a bhith ag ullachadh aithrisean mu shochairean foghlaim. Choinnich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ri luchd-obrach, clann, buill den choimhearsnachd agus ri Buidheann Leasachaidh Coimhearsnachd an t-Sruthain. Bha an luchd-co-chomhairleachaidh a' toirt taic do na molaidhean. Choinnich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ri ceannard Bun-sgoil Dhùn Bheagain, Bun-sgoil Chàrraboist agus Bun-sgoil an t-Sruthain. Mar cheannard-sgoile clustair, bha e comasach dhi tar-shealladh a cho-roinn le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh den bhuidheann a bhiodh aig a' mholadh thar a' chlustair de sgoiltean.

3.2 Cha mhòr nach robh a' chlann air fad aig Bun-sgoil Dhùn Bheagain a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' toirt taic dha na molaidhean. Bha iad a' coimhead air adhart ri tuilleadh charaidean a bhith aca. Bha a' chlann a' meòrachadh air a bhith a' seachnadh amannan siubhail fada chun na sgoile. Bha na co-chomhairlichean ris an do choinnich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' toirt taic do bhith a' cur na sgìre-sgoile ri Bun-sgoil Dhùn Bheagain. Cha robh iad dhen bheachd nan deigheadh pàirt de sgìre-sgoile Bun-sgoil an t-Sruthain a chur ri sgìre-sgoile Bun-sgoil Chàrraboist gun toireadh sin sochairean foghlaim do chlann a tha a' frithealadh Bun-sgoil Chàrraboist aig an àm a tha an làthair, no san àm ri teachd. Tha a' chomhairle air beachdachadh air an roghainn seo a-cheana a thaobh mar a dh'fhaodadh an sgìre-sgoile a bhith air a roinn. Bu chòir dhaibh tuilleadh mìneachaidh a dhèanamh do phàrantan mun reusanachadh aca a thaobh a bhith a' cumail ris an sgìre-sgoile a tha ann aig an àm a tha an làthair airson Bun-sgoil Chàrraboist.

3.3 Dhearbh Comhairle Choimhearsnachd an t-Sruthain ann an sgrìobhadh gu Luchd-sgrùdaidh an Rìgh gu bheil iad soilleir mun reusanachadh agus an fheallsanachd airson a' cho-dhùnaidh a thathar a' moladh. Tha iad a' toirt taic don mholadh, mar a tha Buidheann Leasachaidh Coimhearsnachd an t-Sruthain.

3.4 Aig na coinneamhan le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh, bha tuilleadh ùidh air a nochdadh leis an luchd-co-chomhairleachaidh ann a bhith ga dhèanamh comasach do phàrantan a bha ann an sgìre an t-Sruthain, roghainn a bhith ann don chloinn aca Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh a fhrithleadh. Tha seo airson is gum faodadh iad sochairean làn bhogaidh sa chànan fhaotainn. Bu chòir dhan chomhairle a bhith soilleir, ann a bhith a' tighinn gu a cho-dhùnadh deireannach, mun chothrom a tha aig pàrantan air làn bhogadh cho math ri bogadh taobh ri taobh ri Foghlam tro Mheadhan na Beurla.

3.5 Leis gu faodadh am moladh leantainn air adhart gu dùnadh sgoil dhùthchail, ghabh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh cuideachd cunntas de bheachdachadh na comhairle air na h-eileamaidean dham bu chòir dhaibh aire shònraichte a thoirt. Tha a' chomhairle air measaidhean ullachadh a thaobh co-ionannachdan agus buaidh dhùthchail gus fios a chur ris na modhan-obrach aca. Bu chòir dhaibh cuideachd beachdachadh air a bhith a' gabhail os làimh measadh air a' bhuaidh air a' choimhearsnachd eileanach. Tha a' chomhairle air beachdachadh air an luach as fheàrr tro anailis ionmhasail agus a' bhuaidh air an àrainneachd bho bhith a' cur às do fhoghlam aig Bun-sgoil an t-Sruthain. Chan eil e air aithris gu bheil am moladh aca gu bhith a' meudachadh àm siubhail na cloinne gu mòr gu Bun-sgoil Dhùn Bheagain. Thaisbein a' chomhairle ceithir roghainnean eadar-dhealaichte a thaobh a bhith a' cur às do fhoghlam aig an sgoil. Bha na roghainnean sin a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh Bun-sgoil an t-Sruthain airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Chan eil roghainnean na comhairle mu dheidhinn mar a dh'fhaodadh Bun-sgoil an t-Sruthain fuireach fosgailte, ion-obrachail leis mar a tha àireamh nan sgoilearan san sgìre air crìonadh.

3.6 Tha a' chomhairle air gabhail ri ùidh na coimhearsnachd ann a bhith a' faighinn togalach na sgoile airson a bhith air a chleachdadh leis a' choimhearsnachd, ma thèid am moladh air adhart. Chuala Luchd-sgrùdaidh an Rìgh bho luchd-co-chomhairleachaidh mu raon de dhòighean anns am faigheadh muinntir na sgìre buannachd bho bhith a' faighinn an togalaich. Chomharraich an luchd-co-chomhairleachaidh nach eil talla baile no ionad coimhearsnachd san t-Sruthan. Is e àite poblach cudromach a tha ann an togalach na sgoile, agus is e seo an t-aon làrach phractaigeach airson coinneamhan coimhearsnachd. Tha Comhairle Coimhearsnachd an t-Sruthain air a bhith gu gnìomhach a' cleachdadh togalach na sgoile on a chaidh an sgoil a dùnadh car-ùine. Tha iad air a bhith a' rianachd togalach na sgoile on Fhaoilleach 2023 le aonta eadar-amail a' cur an cèill ullachaidhean mionaideach. Tha Comhairle na Gàidhealtachd air a ràdh gu bheil iad dealasach mu bhith ag obair leis a' choimhearsnachd ionadail a thaobh cleachdadh an togalaich 's an fhearainn san àm ri teachd. Tha iad air comhairle a thoirt gum biodh a leithid de mholadh airson cleachdadh leantainneach leis a' choimhearsnachd air a chur air adhart taobh a-staigh cumhaichean na comhairle airson ullachaidhean làithreach rianachd so-mhaoin.

4 Geàrr-chunntas

Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil comas aig a' mholadh buannachdan foghlaim a lìbhrigeadh do chlann sgìre-sgoile Bun-sgoil an t-Sruthain. Tha co-aonta eadar an fheadhainn a bha an sàs sa cho-chomhairleachadh nach eil dòigh às bho bhith a' dùnadh na sgoile agus gum faodadh togalach na sgoile a bhith air a chleachdadh a chùim buannachd na coimhearsnachd. Ann a bhith a' tighinn gu a co-dhùnadh deireannach, bu chòir dhan chomhairle tuilleadh soilleireachaidh a dhèanamh do phàrantan a thaobh an ùidh ann a bhith a' faighinn cothrom air sgoil tro mheadhan na Gàidhlig gun aca ri bhith a' cur iarrtas a-steach air a shon. Bu chòir dhaibh cuideachd tuilleadh ath-mhisneachaidh a thoirt do phàrantan aig Bun-sgoil Chàrraboist mun fheallsanachd a thaobh ath-thaobhadh de sgìrean-sgoile. Bidh e cudromach gum bi a' chomhairle a' leantainn air adhart a' conaltradh ri coimhearsnachd ionadail an t-Sruthain ann a bhith a' coileanadh an amasan airson togalach agus fearann na sgoile, nam biodh am moladh

air aontachadh. Bu chòir dhan chomhairle seo a dhèanamh ann an àm cheart gus astar-mheud a chumail suas a thaobh a' chleachdaidh a bha a' choimhearsnachd a' moladh airson an togalaich, agus gus suidheachadh an togalaich a sheachnadh bho bhith a' dol nas miosa leis nach eil e air a chleachdadh.

Luchd-sgrùdaidh an Rìgh An Cèitean 2023